

Slàinte agus sunnd

Sunnd inntinneil agus faireachail

Tha sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corporra riatanach airson ionnsachadh soirbheachail. Bu chòir sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corporra gach neach ann an coimhearsnachd ionnsachaidh a bhith air an neartachadh le bhith a' cruthachadh àrainneachd a tha sàbhailte, cùramach, taiceil agus brìoghmhor, a bheir cothrom air dàimh ri daoine eile a tha stèidhichte air spèis do chàch a chèile.

(Curraicealam airson sàr-mhathais: Slàinte agus sunnd)

Ro-ràdh

Tha na h-abairtean 'litearrachd faireachail' agus 'tuigse faireachail' co-cheangailte ri bhith ag aithneachadh agus a' tuigsinn faireachdainnean, gan chur an cèill agus a' dèiligeadh riutha.

'S e litearrachd faireachail an comas aig neach faireachdainnean aithneachadh annta fhèin agus ann an daoine eile, agus an cur an cèill.

'S e tuigse faireachail an comas aig neach a bhith a' dèiligeadh ris na faireachdainnean aca.

Bidh na goireasan seo a' cuideachadh sgoilearan le bhith:

1. **Ag aithneachadh faireachdainnean** Tha am pàiste ag aithneachadh mar a tha iad fhèin agus daoine eile a' faireachdainn.
2. **A' cur an cèill mar a tha iad a' faireachdainn** Gum bi am briathrachas aig a' phàiste airson bruidhinn mu na faireachdainnean aca.
3. **A' dèiligeadh ri faireachdainnean** Gum bi dòighean aig a' phàiste dèiligeadh ri faireachdainnean làidir ann an dòigh dheimhinneach.

Tha seo a' tighinn gu nàdarra do chuid de chlann agus tha e furasta dhaibh dèiligeadh ri daoine agus suideachaidhean ùra no diofraichte. Tha cuid eile feumach air beagan a bharrachd taic. 'S dòcha nach bi am briathrachas aig cuid de sgoilearan airson bruidhinn mu na faireachdainnean aca anns a' Ghàidhlig. Tha na goireasan seo ag amas air briathrachas na cloinne a leudachadh gus am bi e nas fhasa dhaibh na faireachdainnean aca a chur an cèill anns a' Ghàidhlig. Thathar an dòchas gum faigh sgoilearan cothroman an litearrachd faireachail aca a leudachadh gu tric thar diofar raointean den churraicealam.

Slàinte agus sunnd

Sunnd inntinneil agus faireachail

Eòlasan agus builean

Tha mi mothachail air m' fhaireachdainnean is comasach an cur an cèill, agus tha mi a' fàs comasach air bruidhinn mun deidhinn.

HWB 0-01a / HWB 1-01a / HWB 2-01a / HWB 3-01a / HWB 4-01a

Tha fios agam gu bheil measgachadh de smuaintean agus de fhaireachdainnean againn uile aig a bheil buaidh air ar sunnd inntinn agus air ar dol-a-mach agus tha mi ag ionnsachadh dhòighean air dèiligeadh riutha.

HWB 0-02a / HWB 1-02a / HWB 2-02a / HWB 3-02a / HWB 4-02a

Tha mi a' tuigsinn gu bheil daoine ann ris am faod mi bruidhinn agus gu bheil grunn dhòighean sam faigh mi taic le gnothaichean practaigeach is faireachail airson mi fhìn agus daoine eile a chuideachadh ann an raon de shuidheachaidhean.

HWB 0-03a / HWB 1-03a / HWB 2-03a / HWB 3-03a / HWB 4-03a

Tha mi a' tuigsinn gum faod m' fhaireachdainnean agus mo bheachdan atharrachadh a rèir na tha a' tachairt annam fhìn agus mun cuairt orm. Tha seo a' toirt comas dhomh mo dhol-a-mach fhìn agus dol-a-mach dhaoine eile a thuigsinn.

HWB 0-04a / HWB 1-04a / HWB 2-04a / HWB 3-04a / HWB 4-04a

Tha fios agam gu bheil càirdeas, cùram, roinn, cothromachd, co-ionannachd agus spèis cudromach ann an dèanamh dàimh làidir ri daoine. Mar a tha mi a' togail agus a' cur luach air dàimhean, tha mi a' nochdadh sùim agus spèis dhomh fhìn agus do dhaoine eile.

HWB 0-05a / HWB 1-05a / HWB 2-05a / HWB 3-05a / HWB 4-05a

Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha sunnd inntinneil agus gun gabh seo a bhith air altram agus air a neartachadh tro sgilean beatha pearsanta agus tro dhàimhean làidir ri daoine. Tha fios agam nach eil sunnd inntinneil aig daoine an-còmhnaidh agus ma thachras sin gu bheil taic ri a faotainn.

HWB 0-06a / HWB 1-06a / HWB 2-06a / HWB 3-06a / HWB 4-06a

Tha mi ag ionnsachadh sgilean agus ro-innleachdan a bheir taic dhomh aig amannan a tha doirbh, gu h-àraidh a thaobh atharrachadh agus call.

HWB 0-07a / HWB 1-07a / HWB 2-07a / HWB 3-07a / HWB 4-07a

Tha mi a' tuigsinn gum faod daoine faireachdainn gu bheil iad nan aonar agus gum faod daoine eile an togail ceàrr agus am fàgail a-mach à rudan. Tha mi ag ionnsachadh mar a bheir mi seachad taic iomchaidh.

HWB 0-08a / HWB 1-08a / HWB 2-08a / HWB 3-08a / HWB 4-08a

Slàinte agus sunnd

Sunnd inntinneil agus faireachail

Clàr nam Faireachdainnean

Carson?


'S e a bhith ag aithneachadh fhaireachdainnean a' chiad cheum ann a bhith ag ionnsachadh mar a bhios tu a' dèiligeadh riutha. Tha seo a' toirt cothrom dha na sgoilearan na faireachdainnean aca agus neart nam faireachdainnean aca aithneachadh agus briathrachas a leudachadh gu làitheil.

Tha e cuideachd a' sealltainn gu bheil a h-uile faireachdainn ceart gu leòr. Cha bhi sinn an-còmhnaidh toilichte no socair. Uaireannan, tha sinn brònach, farmadach no fiadhaich. Thig còmhraidhean bhon seo air dòighean air dèiligeadh ris na faireachdainnean seo ann an dòigh nàdarra.

Tha e a' sealltainn gu bheil faireachdainnean a h-uile duine cudromach. Tha e a' togail chàirdeasan anns a' chlas, a' sealltainn gu bheil iad mar phàirt de choimhearsnachd agus tha ùidh aig daoine annta. 'S e gnìomh làitheil shìmplidh a th' ann a bhios a' sealltainn do chlann gu bheil cuideigin ag iarraidh èisteachd riutha agus an cuideachadh.

Ciamar?

- Minich dha na sgoilearan dè th' ann an clàr nam faireachdainnean agus mar a chleachdas iad e.
- Airson toiseach tòiseachaidh, cleachd faclan a bhios a' chlann a' tuigsinn agus bruidhinn mu dheidhinn ro-làimh. Me, brònach, beachdaich air far am bi iad a' dol air a' chlàr le bhith a' smaoinichadh air an t-seòrsa faireachdainn a th' ann, dè cho tlachdmhòr 's a tha e agus neart an fhaireachdainn. Tha seo a rèir feumlachdan a' chlas/sgoilearan.
- Airson clann òg, faodaidh sibh dìreach beachdachadh air dè a' cheàrnag dhan cuireadh iad am facal.
- Bidh beachdan diofraichte aig a h-uile duine agus chan eil freagairt ceart no ceàrr ann.
- Aon uair 's gu bheil a' chlann eòlach agus misneachail leis na faireachdainnean sin, faodaidh sibh barrachd a thoirt a-steach.
- Aon uair 's gu bheil beagan chairtean le faclan fhaireachdainnean air a' chlàr, faodaidh sgoilearan cairtean leis na h-ainmean aca fhèin a steigeadh air airson sealltainn mar a tha iad a' faireachdainn.
- Dèanaibh fhèin e airson sealltainn don chloinn mar a nì iad e.
- Minich dhaibh gu bheil a h-uile faireachdainn ceart gu leòr.
- Cleachd tron latha e. Tha seo a' daingneachadh mar a bhios faireachdainnean ag atharrachadh aig diofar amannan.
- Dèan cinnteach gum bi cothrom agaibh 1:1 le sgoilearan ma tha iad feumach air beagan a bharrachd taic.



Slàinte agus sunnd

Sunnd inntinneil agus faireachail

Cairtean

Thèid na cairtean a chleachdadh gu sùbailte a rèir feumalachdan a' chlas, me, mar chlas, buidhnean beaga, le sgoilearan fa leth airson taic a chumail riutha faireachdainnean aithneachadh agus ainmeachadh.

Mar eisimpleir:

Seall dhomh faireachdainn


Le na sgoilearan uile nan suidhe ann an ceartall, tagh aon de na cairtean. Iarr air na sgoilearan coiseachd tarsainn a' chearcaill, a' sealltainn an faireachdainn air a' chairt leis an aodann agus na bodhaigean aca.

Me, "Seall dhomh gu bheil thu ... iomagaineach!"

Bidh iad a' suidhe ann an àite ùr a h-uile turas.

Neart an faireachdainn (Ìre 1 no 2)

Faodaidh sgoilearan obrachadh ann am buidhnean no mar chlas. Thoir dhaibh taghadh de chairtean bhon aon 'teaghlach'. Faodaidh tu barrachd no nas lugha de chairtean a chleachdadh a rèir comas a' chlas. Feumaidh na sgoilearan na faireachdainnean a chur ann an òrdugh a thaobh neart an faireachdainn.



Goireasan a bharrachd

Faic <https://gaelic.education/slainte-sunnd> airson goireasan a bharrachd.